

## **Coimiseanair Cloinne is Dhaoine Òga na h-Alba** (<https://www.cypcs.org.uk/>)

Bidh Coimiseanair Cloinne is Dhaoine Òga na h-Alba ag obair gus còraichean cloinne is dhaoine òga a dhìon.

Tha làrach CYPCS airson clann is daoine òga ann an Alba, am pàrantan agus na h-inbhich a tha ag obair còmhla riutha. An seo, faodaidh luchd-ionnsachaidh faighinn a-mach mu na còraichean aca, an guth a thogail agus faighinn a-mach cò a chuidicheas iad gus beatha shàbhailte agus thoilichte a bhith aca.

Faodaidh **na 7 Prìomh Riaghailtean** cuimhneachadh do dh'inbhich na tha clann agus daoine òga ag iarraidh bho chom-pàirteachadh. Faodaidh iad cuideachd clann agus daoine òga a chuideachadh gus smaoineachadh air mar as urrainn do dh'inbhich taic a thoirt dhaibh gus pàirt a ghabhail.

**Flushed with Success?** Seo iomairt a' Choimiseanair gus an toir Riaghaltas na h-Alba a-steach stiùireadh ùr air taighean-beaga sgoiltean. Tha reachdas san raon seo faisg air 50 bliadhna a dh'aois agus tha an iomairt a' togail na cùise gu feumar inbhean is feartan thaighean-beaga ann an sgoiltean a leasachadh.

## **Pàrlamaid na Cloinne** (<http://www.childrensparliament.org.uk/>)

Tha Pàrlamaid na Cloinne a' toirt cothrom do chloinn am beachdan, an smuaintean agus am faireachdainnean a chur an cèill gus an urrainnear na draghan agus na beachdan aca a thoirt a-steach do bheatha shòisealta is phoilitigeach na h-Alba.

Bidh iad a' dèanamh seo ann an dà dhòigh. An toiseach le bhith ag obair gu dìreach le clann tro phròiseactan agus co-chomhairlean agus san dàrna àite le bhith ag oideachadh agus a' toirt eòlas agus sgilean do dh'inbhich gus an urrainn dhaibh dòigh-obrach Pàrlamaid na Cloinne ath-riochdachadh nan sgìrean fhèin.

'S e prògram bùth-obrach do luchd-ionnsachaidh aois 3-12 a th' ann an **Ceum air an t-Slighe Cheart** gus a bhith ag innse do chlann mu chòraichean daonna cloinne agus urram daonna. Bidh a' bhùth-obrach ag innse do chloinn mu Chòraichean UNCRC an Leanaibh, agus a' tarraing bho eòlas agus beachdan na cloinne fhèin gus an tuig iad agus gun cur iad an cèill gum buin na còraichean rim beatha làitheil.

Tha Pàrlamaid na Cloinne air mòran phròiseactan com-pàirteachaidh brosnachail is cruthachail a ruith le clann. Faodaidh tu coimhead air na filmichean pròiseict aca air an t-seanail YouTube aca. ([www.youtube.com/user/childrensparliament](http://www.youtube.com/user/childrensparliament))

**Mise + Sinne:** Tron sgrùdadh phearsanta agus buidhne a rinn clann thug iad cunntas air an dearbh-aithne chultarach, an dualchas agus thuig iad brìgh agus eòlas gràin-creideimh ann an coimhearsnachdan na h-Alba. Bha clann ag obair còmhla gus sgrùdadh a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh iad Alba a dhèanamh na dùthaich in-ghabhalach; an t-àite as fheàrr airson fàs suas. Tha pasgan ghoireasan ri fhaighinn gus do phròiseact Mise + Sinne fhèin a dhèanamh. (<http://www.childrensparliament.org.uk/our-work/past-work/me-and-us/>)

**A' dol don Àrd-sgoil:** Chuir a' chlann an cèill na dòchasan agus na draghan aca airson gluasad chun na h-àrd-sgoile. Thàinig am pròiseact gu crìch le seachdain ealain chruthachail far an robh buidheann de chlann BS7 ag obair còmhla ri clann ÀS1 bho Àrd-sgoil Rinn Friù gus na smuaintean a chruinnich na com-pàirtichean uile a tharraing ri chèile air dealbh-balla mòr. (<http://www.childrensparliament.org.uk/our-work/past-work/moving-renfrew-transitions-project/>)

**Sàbhailteachd air na Sràidean:** Dh'obraich Pàrlamaid na Cloinne le clann ann an ceann an ear Ghlaschu gus am beachdan a thoirt seachad air na dh'fheumas na coimhearsnachdan aca gus a bhith sàbhailte, fallain agus toilichte.

Mar thoradh air bùthan-obrach chaidh dealbh-balla claisneachd/lèirsinneach a chruthachadh gus an tèid na teachdaireachdan aca a cho-roinn le clann nas sine agus daoine òga eile, le pàrantan, luchd-cùraim agus proifeiseantaich. Bha am pròiseas seo a' brosnachadh agus a' toirt cothrom do chloinn bruidhinn air an son fhèin mu na miannan aca dhaibh fhèin, an teaghlaichean agus na coimhearsnachdan aca. (<http://www.childrensparliament.org.uk/our-work/past-work/streetsahead-glasgow/>)

**IDEAS / DEC** (<http://www.ideas-forum.org.uk/>)

**Tha Comann Foghlam Leasachaidh Eadar-nàiseanta na h-Alba (IDEAS)** na lìonra de bhuidhnean agus dhaoine fa leth air feadh na h-Alba a tha gu gnìomhach a' toirt taic agus brosnachadh do dh'Fhoghlam Leasachaidh agus Foghlam airson Saoranachd Chruinneil. Gheibhear barrachd a-mach mu na h-Ionadan Foghlam Leasachaidh agus na goireasan aca gus taic a thoirt do Shaoranachd Chruinneil agus Ionnsachadh airson Seasmhachd an seo. (<http://www.signpostsglobalcitizenship.org/decs>)

Gheibhear eisimpleirean de phròiseactan làithreach far a bheil daoine òga a' dol an sàs ann an cùisean co-cheangailte ri Saoranachd Chruinneil an seo. (<http://www.scotdec.org.uk/projects>)

**Taic Dealbhaidh Alba (PAS)** (<http://www.pas.org.uk/>)

Tha PAS na charthannas a bhios a' brosnachadh foghlam do na h-uile anns a' phròiseas dealbhaidh, gus com-pàirteachadh coimhearsnachd a bhrosnachadh ann a bhith a' cruthachadh àiteachan adhartach.

Tha PAS air grunn ghoireasan agus phròiseactan foghlaim innleachdail a leasachadh airson daoine òga aois 8-25 bliadhna, a tha a' daingneachadh còraichean dhaoine òga, Saoranachd Chruinneil, Ionnsachadh airson Seasmhachd agus sgilean Litearrachd Phoilitigeach. (<http://www.pas.org.uk/young-people/>)

**Caidreachas-d** (<http://www.britishcouncil.org/etwinning>)

Air a ruith leis a' Choimisean Eòrpach agus le taic bho Chomhairle Bhreatainn, tha Caidreachas-d na choimhearsnachd air-loidhne an-asgaidh airson sgoiltean san Roinn Eòrpa a leigeas leat com-pàirtichean a lorg agus co-obrachadh air pròiseactan taobh a-staigh lìonra agus ùrlar tèarainte. Tha e freagarrach do luchd-ionnsachaidh aois 3-19 agus an-dràsta tha còrr air 250,000 neach-foghlaim clàraichte air feadh na Roinn Eòrpa.

Gheibhear diofar eisimpleirean de phròiseactan Caidreachais-d an seo.

(<http://www.britishcouncil.org/etwinning/what/case-study>)

**Young Scot** (<http://www.youngscot.org/>)

Is e Young Scot an carthannas nàiseanta airson fiosrachadh agus saoranachd òigridh. Bidh iad a' toirt measgachadh de dh'fhiosrachadh, bheachdan agus brosnachadh do dhaoine òga, aois 11 - 26, gus an cuideachadh a bhith nan saoranaich mhisneachail, fhiosraichte agus ghnìomhach. Tha seo air a dhèanamh ann an grunn chruthan, a' toirt a-steach air-loidhne, sòisealta, aplacaidean, irisean, agus fòn, msaa, gus am faigh daoine òga fiosrachadh anns an dòigh as cofhurtaile dhaibh.

Tro dhiofar phrògraman **conaltradh agus com-pàirteachaidh òigridh** bidh Young Scot a' coinneachadh ri còrr air 30,000 neach òg gach bliadhna. (<http://www.youngscot.net/what-we-do/engagement/>)

Bidh **Duaisean Young Scot** a' cur an aghaidh bheachdan àicheil mu dhaoine òga agus a' brosnachadh an coileanaidhean agus a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh riochdachadh nas cothromaiche dhiubh sa chomann-shòisealta agus sna meadhanan.

(<http://www.youngscot.net/what-we-do/young-scot-awards/>)

**Saoraich a' Chlann** (<http://www.freethechildren.com/>)

Tha Saoraich a' Chlann na charthannas eadar-nàiseanta agus na chom-pàirtiche foghlaim a tha a' creidsinn ann an saoghal far a bheil clann saor gus an làn chomas a choileanadh mar riochdairean atharrachaidh. Bidh iad ag obair taobh a-staigh dhùthchannan mar We Day agus We Act gus foghlam, com-pàirteachadh agus cumhachd a thoirt do dh'òigridh a bhith nan saoranaich ghnìomhach ionadail agus cruinneil.

Bidh iad a' tabhann grunn chothroman do daoine òga agus sgoiltean gus sgrùdadh a dhèanamh air Litearrachd Phoilitigeach tro Shaoranachd Chruinneil. Gheibhear làn fhiosrachadh an seo. (<http://www.freethechildren.com/get-involved/we-school/>)